


ni

aim  
Aonad Ioma – mheadhain



# Mac An t-Srònáich



e-staras

Aonad Obrach  
AS1 / Ìre 3 & 4

## Èisteachd

**1** 'S e \_\_\_\_\_ ministeir a bh' ann am Mac an t-Srònaich air gach taobh.

**2** Bha piuthar a mhàthar pòsta ann an \_\_\_\_\_.



**3** Bha nighean leatha pòsta aig \_\_\_\_\_ ainmeil a bha a' fuireach air na Lochan.

**4** Theich Mac an t-Srònaich à taigh-òsta athair ann an Gairbh airson \_\_\_\_\_ a dhèanamh ann an Leòdas.

**5** Mus do theich e, bha e a' fuireach anns an taigh-òsta còmhla ri \_\_\_\_\_ a phiuthar agus searbhan.


**6** Chunnaic Mac an t-Srònaich gun robh \_\_\_\_\_ agus sreang de neamhaidean àlainn aig an t-searbant, agus bha e gan iarraidh.



**7** Bha sùil aig piuthar Mhic an t-Srònaich anns na \_\_\_\_\_ cuideachd.

## Èisteachd

**8** Thuit i ris an t-searbhant gun leigeadh i leatha \_\_\_\_\_ ann an cùl nan leapa nan toireadh i dhi greis de na grìogagan.



**9** Tron oidhche, thàinig Mac an t-Srònaich a-steach don t-\_\_\_\_\_ cadail.

**10** Bha fios aige gur e an t-\_\_\_\_\_ a bhiodh a' cadal aig bòrd na leapa.

**12** Spàrr e \_\_\_\_\_ na broilleach cuideachd.

**13** Dh' fhalbh e leis na neamhaidean agus leis an airgead a bha i air falach fo \_\_\_\_\_ na leapa.

**14** Nuair a dhùisg an t-searbhant anns a' mhadainn bha piuthar Mhic an Srònaich \_\_\_\_\_ ri taobh.

**15** Bha Mac an t-Srònaich fhèin air a shlighe gu Eilean \_\_\_\_\_.



Comharraidhean air fad:15



# Sgriobhadh

Dèan suas postair  
**WANTED** mar a  
chuireadh am poileas  
a-mach nam biodh  
iad a' lorg Mac an  
t-Srònaich san là  
an-diugh.



Mac an t-Srònaich



# Sgrìobhadh/Còmhradh

## (Obair-dachaigh)

An robh Mac an t-Srònaich anns  
a' bhaile no anns an  
sgìre agad fhèin?



# Mac an t-Srònaich

A' Ghearraidh  
Chruaidh

Faigh seo  
a-mach agus, ma  
bha, feuch an urrainn  
dhut sgeulachd no dhà a  
lorg mu dheidhinn, a b' urrainn  
dhut innse don chòrr den chlas.

Faodaidh tu notaichean a sgrìobhadh  
mun deidhinn an seo gus an cuimhnich thu  
orra.



Uamh  
Mhic an  
t-Srònaich



Far an  
robh e  
a' cadal

Mac an t-Srònaich

# Leughadh/Còmhradh

## (Dealbh-Chluich)



A' gabhail pàirt: Mac an t-Srònach, Calum, Seumas, Murchadh, Dòmhnull agus Fionnlagh.

### CALUM

O mo chreach! 'S mi tha sgìth! Cia mheud mìle tha ri dhol?



### SEUMAS

Tha sia mìle. Bidh a' bhanais seo math ach chan fhaod sinn cus òl. Tha faing againn an ath latha!



### MURCHADH

Cha d' fhuair mise fios chun na bainnse agus chan eil fhios carson!



### DÒMHNULL

Tha fios agamsa gu tà. Bha thu ro mhì-mhodhail aig a' bhanais mu dheireadh!



### FIONNLAGH

Nach i tha a' fàs dorch. Tha mi 'n dòchas nach nach eil Mac an t-Srònach air a' Chliseam a-nochd!



# Leughadh/Còmhradh

## (Dealbh-Chluich)



### CALUM

Ist! Chan eil an duine sin a' cur eagal sam bith orms'. Tha mise gar cumail air ais. B' fheàrr dhuibhse cabhag a dhèanamh.



### SEUMAS

Tha thu ceart. Chì sinn thu an uair a thìde anns an taigh-òsta.



### MURCHADH

Feuch nach tuit thu leis a' phigidh..... 's na òl pioc dheth!



*Calum a' feadalaich 's a' coiseachd air a shocair*

### CALUM

(a' tuiteam) O mo chreach! Cò fon ghrèin a chuir an ròpa seo tarsainn an-seo?



### MAC AN T-SRÒNAICH

Mise a bh' ann!



### CALUM

Cò thusa?



# Leughadh/Còmhradh

## (Dealbh-Chluich)




### MAC AN T-SRÒNAICH

Is mise Mac an t-Srònaich. An cuala tu a-riamh mu mo dheidhinn?



### CALUM

Ch.....Ch....Ch....Chuala. Ach chan eil mi ag iarraidh gnothaich sam bith a bhith agam riut. Falbh às mo shealladh.




### MAC AN T-SRÒNAICH

Dè th' agad anns a' phigidh?



### CALUM

Tha uisge-beatha airson banais fear de mo chàirdean.



### MAC AN T-SRÒNAICH

Thoir dhomh balgam dheth!



### CALUM

Cha toir! Cha bhlais thu air! Clèaraig às mo rathad!



*Leumaidh Mac an t-Srònaich air Calum*



# Leughadh/Còmhradh

## (Dealbh-Chluich)



### MAC AN T-SRÒNAICH

Tha aon rud cinnteach, chan òl 's chan ith  
thusa càil tuilleadh!



### CALUM

A bhalachaibh! Càit' a bheil sibh?  
Trobhadaibh!!



*Sabaid mhòr*

### MAC AN T-SRÒNAICH

'S mi bha feumach air seo. Uisge-beatha.... uisge bàis.....



Thachd Mac an t-Srònach Calum agus, as dèidh sin, stob e pios dhen phigidh dhan bhroilleach aige gus an do dh'fhalbh a h-uile pioc fuil a bha na chorpa sios dhan talamh.

Chaidh corp Chaluim fhaighinn air a' Chliseam an ath latha. Chaidh a' bhanais a chur dheth oir bha a h-uile duine cho duilich airson mar a thachair do Chaluim- balach modhail, gasta, nach do chuir dragh air duine a-riamh.


# Sgrìobhadh

Cleachd do mhac-meanmainn airson sgeulachd a dhèanamh an àirde mu dheidhinn latha a choinnich thu fhèin ri Mac an t-Srònaich. Toisich mar seo . . .

“

**An Là a choinnich  
Mi Fhìn is Mac an  
t-Srònaich!**

”



# Leughadh

## (Taobh duilleig 32)

1. Cò às a bha an dithis bhràithrean a bha a' tighinn dhachaigh às an “Reserve”? **(1)**

---

2. Dè rinn iad airson faighinn dhachaigh na bu luaithe? **(1)**

---

3. Dè an seòrsa oidhche bh' ann? **(3)**

---

---


---

---

---

---

---



# Leughadh

4. Carson a thòisich iad a' faireachdainn sgìth? (2)

---

---

5. Carson a bha am bràthair a bu shine airson stad aig an àirigh? (1)

---

---

6. An robh dùil aig a bhràthair gum beireadh e air? (1)

---

7. Dè rinn Mac an t-Srònaich nuair a thàinig am balach a-steach dhan àirigh? (2)

---

---



# Leughadh

## Mac an t-Srònach

8. Dè thachair às dèidh ùine ghoirid? **(2)**

---

---



9. Ciamar a bha am bràthair a' faireachdainn nuair a chunnaic e nach robh a bhràthair air tighinn dhachaigh? **(1)**

---

10. Dè thòisich e a' smaoineachadh? **(1)**

---



# Leughadh

11. Dè rinn e an uair sin?

(3)

---

---

---

12. Dè chunnaic e nuair a chaidh e a-steach dhan àirigh?

(3)

---

---

---

13. Dè thòisich na fir a' dèanamh?

(1)

---

---

---

---

14. Dè smaoinich Mac an t-Srònach a bh' anns an stocainn?

(1)

---

---

---

---



# Leughadh

## Mac an t-Srònach

15. Dè rinn a bhràthair nuair a chrom Mac an t-Srònach sìos airson a thogail?

(2)

---

---

16. Ciamar a dh'fhàg ionnsaigh an duine Mac an t-Srònach? (2)

---

---

---

---

17. Carson a chaidh e dhachaigh? (1)

---

---

---

---



18. Cia mheud duine a thill air ais còmhla ris don àirigh? (1)


---

---



# Leughadh

## (Taobh Duilleig 32)



19. Càit' an robh Mac an t-Srònach?

(1)

---

20. Ciamar a bha fios aca dè an taobh a chaidh Mac an t-Srònach?

(1)

---

21. Càit an do stad iad?

(2)

---

---



# Leughadh

## (Taobh Duilleig 32)

22. Dè thuirt a' chailleach riutha nuair a dh'fhaighnich iad dhi am faca i coigreach? **(1)**

---

23. An robh na fir ga creids ? **(1)**

---

24. Càit an do lorg iad Mac an t-Srònaich? **(2)**

---

---

25. Dè fhuaireas a-mach mu dheidhinn na caillich às dèidh làimhe? **(2)**

---

---

26. Cò bha i a' smaoineachadh a bh' ann am Mac an t-Srònaich? **(1)**

---


Comharraidean Air Fad: 40



# Sgriobhadh/Còmhradh




Dean suas naidheachd a dheigheadh a-mach air an rèidio, no air an telebhisean, ag aithris air mar a chaidh Mac an t-Srònach a ghlachadh. Dèan sgriobt den naidheachd agad na do leabhar.



# Sgriobhadh

## (Air A' Chroich)

Mac an t-Srònaitch



Leugh an caibdeil seo, air d.35 anns an leabhar. Dèan suas an seòrsa aithisg a chitheadh tu ann am pàipear-naidheachd an ath là, ag innse mu na thachair, an uair sin.

